



Gille Ruadh ag itealaich



Nicola Moon • Kay Widdowson

Gille Ruadh ag itealaich



An teaca Nicola Moon
Dealbhan Kay Widdowson
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



'S e luch bheag a bh' ann an Gille Ruadh.
'S e eun mòr dubh a bh' ann an Sgiathag.
Aon là chunnaic Gille Ruadh Sgiathag anns
an adhar.




“Tha mise ag iarraidh suas dhan adhar,”
thuirt Gille Ruadh.

“Tha mi ag iarraidh sgiathan mar a
th’ agadsa.”



Fhuair Gille Ruadh itean.


“Cuiridh mi na h-itean air mo dhruim,”
thuirt e.



“A-nis tha sgiathan orm,
agus thèid mi suas dhan adhar,”
thuirt Gille Ruadh.



Leum Gille Ruadh far a' bhogsa,



ach cha deach e suas.

Thuit e sìos.



Leum Gille Ruadh far sèithear,



ach cha deach e suas.

Thuit e sìos.



“Cuiridh mi bailiùnaichean air mo dhruim.

’S urrainn dhomh a dhol suas dhan adhar a-nis,”
thuirt Gille Ruadh.

“Chan urrainn dhut a dhol suas,” thuirt Sgiathag.

“’S urrainn ged-tà,” thuirt Gille Ruadh.




Leum Gille Ruadh far a' bhùird.
Chaidh e suas dhan adhar.



Chaidh Gille Ruadh suas, suas, suas.

“S urrainn dhomh a dhol suas,” thuir e.



“Cuidich mi!” thuir Gille Ruadh.

“Tha mi ag iarraidh sìos.”



“Bheir mise sìos thu,” thuir Sgiathag,
agus chaidh Gille Ruadh sìos, sìos, sìos.